R. air. 322.


# Eaglais Shaor na h-Alba.

NEC TAMEN CONSUMEBATUR.

**IOMRADH AIR CRAOBHSGAOILEADH AN T-SOISGEIL LEIS AN EAGLAIS SHAOIR.**

*AIR A CHUR A MACH UAIR 'S AN RAIDH.*

Air. 31.] IULAIDH 1, 1882. [A' Phris, Sgillinn.


## AN T-ARD-SHEANADH.

CHOINNICH Ard-Sheanadh na h-eaglais air an ochdamh là deug de cheud mhios an t-samhraidh, an dearbh là de'n mhios a bhios iomraideach gu bràth, air an d'rinn an eaglais, naoi bliadhna deug 'ar fhichead roimhe so, a ceangal ris an stàid a bhriseadh, agus an do ghabh i a h-àite cha-n ann mar chomunn, no eaglais Easaontachail, ach mar Eaglais na h-Alba, agus i nis—SAOR. Is iomadh caochladh mòr a tha air tachairt o'n àm sin. Tha a nis a' mhòr-chuid de na ministearan agus na seanairean a ghabh pàirt anns an Dealachadh, agus anns a' choimhstri a threoraich gu sin, mar a tha a' mhòr-chuid de'n t-sluagh aig am bheil cuimhne air na nithe sin, air "dol air slighe na talmhainn uile," agus cha-n aithnich an àitean an so iad ni's mò. Tha e nàdurra gu'm biodh faireachduinnean tlamhaidh ag éiridh air uairean ann ar cridhe ann am beachdachadh air, agus an dol air feadh a' chomh-chruinneachaidh shomalta, urramaich, le cuimhneachadh air na làithean a thréig, agus ionndrainn air mòran de na h-eòlaich, agus de na saoidhean cliuiteach a bha glic an comhairle, agus treun ann an cathachadh air son na firinn agus na còrach. Ach tha na geallaidhean seasmhach, "An àite d' aithrichean bithidh do mhic" (Salm xlv. 16), agus "Mo Spiorad a tha ortsa, agus mo bhriathran a chuir mi ann ad bheul, cha dealaich iad ri d' bheul, no ri beul do shliochd, no ri beul sliochd do shliochd, deir an Tighearna, o'n àm so eadhon gu siorruidh" (Isa. lix. 21). Agus cha-n 'eil teagamh againn nach 'eil na geallaidhean so air an coimhlionadh, ann an tomhas mòr, dhuinn mar eaglais. Faodaidh nach 'eil uiread dhaoine as a bha aon uair 'n ar measg a tha barraichte ann an tiodhlacan agus an gràsan, ach is e ar barail gur tearc linn anns an robh tuilleadh de dhaoine fòghlumta, eudmhor agus diadhaidh na tha nis 's an Eaglais Shaoir. Do'n Tighearna buinidh an cliu.

Mar is gnàth, bha mòran chùisean air an toirt air beulaobh an Ard-Sheanaidh co-cheangailte ri suidheachadh agus cur air aghaidh aobhair Chriosd, araon aig an tigh, agus ann tirean céin. Bha ni no dhà mu'n robh eadar-dhealachadh barail agus beagan deasboireachd, ach ré na h-ùine, bha gean maith agus gràdh bràthaireil a' riaghladh ann an tomhas comharraichte. Cha-n fhaca sinn Ard-Sheanadh riamh anns an robh barrachd aire agus cùraim air an taisbeanadh a thaobh fior bheatha, agus soirbheachaidh spioradail, agus oibre sònruichte na h-eaglais.

Bha aon ni àraidh—agus b'e an ceud ni—a thog an t-Ard-Sheanadh, is e sin, staid diadhachd agus deadhbheus 'n ar tìr féin. Bha co-labhairt fhada dhurachdach, maille ri iomadh urnuigh, mu'n ghnothuch chudthromach so. Tha feum sònruichte air gu'n gabhadh an eaglais gu cridhe e. Tha e muladach r'a ràdh gu bheil mi-chùram agus mi-dhiadhachd air meudachadh gu mòr 'n ar meadhon. Ann an Glaschu a mhàin tha e air a mheas gu bheil sè no seachd a dh'fhicheadan mile a tha 'n an coigrich do thigh an Tighearna agus do mheadhonan nan gràs. Tha mòran air a dheanamh gu coinneachadh ris an olc mhòr so; ach feumaidh an eaglais, agus a buill fa leth, dùsgadh air a' ghnothuch mar nach d' rinn iad riamh, gu greim a ghabhail air

a' mhuinntir a tha mar so air tuiteam air falbh, agus a tha beò mar na Cinnich. Anns a' cho-labhairt a ghabh àite bha mòran air a ràdh mu mhisg agus mu mhi-bheusan eile. Tha misg gu h-àraidh 'n a plàigh a tha air tighinn gu àirde eagalaich, air chor as gur i masladh ar duthcha, agus a' chùis-bhacaidh, o'n taobh a muigh, a's mò air soirbheachadh an t-soisgeil 'n ar measg. B'i beachd na cuid a bu mhò a labhair gur e dleasdanas Chriosduidhean, air sgàth eisimpleir, iad féin àicheadh eadhon a thaobh an fheum a mheasadh iad ann féin ceadaichte a dheanamh de dhibh làidir.

Tha an obair ann an tìrean céin air a giulan air a h-aghaidh le eud agus dichioll comharraichte, agus le iomadh comharradh air beannachadh an Tighearna. Air a' bhliadhna a chaidh seachad, bha àireamh neo-àbhaiseach air am baisteadh, am measg Iudhach agus Chinneach. Bha e taitneach a bhi 'g éisdeachd an iomraidh a chaidh a thoirt seachad leis na teachdairean a thainig as na h-Innsean, á China, á Africa, agus á eileanan a' Chuain deas; agus bu chòir dha ar brosnachadh gu ath-nuadhachadh eud agus saothair.

Bha co-reusonachadh, mar a's abhaist, mu'n Eaglais Stéidhichte. Cha-n e gu bheil eadar-dhealachadh air bith ann am barail mu phriomh-bhunaitean na h-Eaglais Saoire. Cha-n 'eil ach an aon bheachd mu'n dàimh a tha cothromach agus sgriobturail a bhi eadar Stàid agus Eaglais, agus mu dhleasdanas an uachdarain aimsireil a thaobh creidimh agus eaglais Chriosd. Cha mhò a tha eadar-dhealachadh barail mu'n eucoir a tha anns an eaglais a tha a nis air a stéidheachadh a bhi a' sealbhachadh àite agus beathachaidh Eaglais na h-Alba. Na bha a dh' eas-còrdadh ann bha e mu'n dòigh air am faodadh cùisean a bhi air an ceartachadh. Bha dà chomhairle air an tairgseadh,—aon le Sir Henry Moncreiff, agus an aon eile le Dr. Rainy; ach cha robh iad da rireadh an aghaidh a chéile. B'e beachd Shir Henry nach bu chòir beantuinn ris a' cheangal a tha eadar an Stàid agus an Eaglais Stéidhichte ach air bonn an *Agartas Còir* agus a' *Phrotest.* Bha Dr. Rainy, air an làimh eile, a' cumail a mach gu bheil araon an t-Agartas Còir agus am *Protest* ag agradh gu'n iarradh an Eaglais Shaor an ceangal a bhi air a sgaoileadh gun dàil. Thug 472 an guth air taobh Dhr. Rainy, agus 122 air taobh Shir Henry.

Cha chòir dearmad a dheanamh air a chur an céill nach 'eil fialuidheachd an t-sluaigh do aobhar Chriosd a traoghadh. A dh'aindeoin gach ni mi-fhàbharach anns an fhreasdal, tha e 'n a aobhar taingealachd nach 'eil ionmhas an Tighearna air a dhearmad. Bha an t-suim a bha air a chur cruinn air son na h-uile aobhar air a' bhliadhna a chaidh seachad fada os ceann na bha ann an uiridh. "'S le Dia an talamh agus a làn," agus cha do chaill duine riamh air a bhi 'toirt dha de a chuid féin.

—o—

## A' GHAIDHEALTACHD AGUS NA H-EILEANA.

### IOMRADH BLIADHNAIL A' CHOMUINN GHAIDHEALAICH.

Is ann le mòr dhuilichinn a tha againn r'a aithris gu-n do bhacadh an t-Ollamh urramach MacLachlainn, le staid a shlàinte, o bhi a làthair air a' mhìos a dh'fhalbh aig coinneamh Ard-Sheanaidh ar n-Eaglais; agus gu-n do mheasadh feumail leis, air son an aobhair cheudna, a dhreuchd mar Cheann-suidhe a' Chomuinn so a thoirt thairis. Is eòl do mhòran d'ar luchd-leughaidh, o'm fiosrachadh féin, an dichioll, an t-saothair, an dìlseachd, agus an treibhdhireas cridhe leis an do choimhlion e dleasdanasan na h-oifig cudthromaich so a nis ré ochd bliadhna 'ar fhichead. Calma am pearsa, agus misneachail an cridhe ged a bha e, cha b'iongantach, an déigh a shaothairean lionmhor, ged a dh'fhàilnicheadh a threòir, no ged robh mothachadh aige d'a fheum air tomhas foise. Tha an dùil air a h-altrum, le beannachadh an Tighearna, gu-m feud tomhas slàinte agus neirt a bhi air aiseag dha, air chor as gu-m bi an t-eòlas agus an gliocas a dheònaicheadh dha air an cur fathasd gu buil a chum maith na Gaidhealtachd d'an d'thug e gràdh.

An àit an Ollaimh urramaich, thugadh seachad do'n Ard-Sheanadh Iomradh bliadhnail a' Chomuinn le Mr. Lì á Inbhear-Naruinn, a bha 'n a fhear-cuideachaidh do'n Cheann-suidhe air a' bhliadhna so a chaidh, agus a fhuair mòr-thaing o'n Ard-Sheanadh air son na seirbhis a rinneadh leis do'n aobhar ré na bliadhna.

Am measg nithean eile a dh'ainmicheadh le Mr. Lì,

dh'aithris e gu bheil ionmhas a' Chomuinn ni's mò na bha e aig an àm so an uiridh. Tha aca 'n an làimh a nis £2044, 18s. 10d.; ach feumaidh iad an t-suim so, maille ris na tiodhlacaibh airgid a dh'fheudas iad earbsadh fhaotainn ré an t-samhraidh, a dheadh-riaghladh, chum as nach tuit iad ann am fiachaibh mu'n tig deireadh an fhogharaidh, an uair a bhitheas an tional-airgid bliadhnail air a thogail leis an Eaglais air an son. Air do'n Ard-Sheanadh 's a' bhliadhna 1877 tional bliadhnail orduchadh air son na Gaidhealtachd, rùnaich an Comunn tuarasdal an luchd-saothrachaidh a leasachadh, tuilleadh cuideachaidh a thoirt do dhaoinibh òga chum am fòghluim air son ministreileachd na Gaidhealtachd, agus cèarnaidhean iomallach fhiosrachadh air nach robh iad comasach ruigheachd roimhe sin; agus is ann le taitneas nach beag a tha an Comunn ag aithris gu bheil na rùintean sin 'g an coimhlionadh, ach a mhàin mu thimchioll duais an luchd-saothrachaidh. Bhitheadh e ro-thaitneach leo, na 'n ceadaicheadh meud an ionmhais dhoibh tuarasdail nan searmonaichean urramach agus an luchd-ceasnachaidh a tha 'n an seirbhis a leasachadh gu mòr. Aig an àm cheudna, tha iad ag aideachadh le taingealachd gu robh tional-airgid na bliadhna a dh'fhalbh ni 'b' fhèarr na bha e riamh, ach air aon bhliadhna eile. Fhuair iad mar thiodhlacan agus mar dhileaban £1697, 9s. 5d.; agus thug clann nan sgoilean Sàbaid £73, 9s. 2d. chum cuideachadh le ionmhas a' Chomuinn so. Feudar leasachadh ionmhais a' Chomuinn, agus mar sin meudachadh an seirbhis, fhaicinn o'n iomradh so a leanas:—Anns an *dà* bhliadhna 1863-64 agus 1864-65, cha do chaith iad ach £6308, 14s.; ach air an *aon* bhliadhna so a dh'fhalbh, chaitheadh leo £5327, 1s. 7d. Mar sin cha-n 'eil mìle punnd Sasunnach a dh' eadar-dhealachadh eadar na tha iad a' caitheamh a nis ann an aon bhliadhna, agus na bha iad a' caitheamh anns na dhà, o chionn ochd bliadhna deug. A thaobh an rian a dhealbhadh 's a' bhliadhna 1857, gu cuideachadh le coimhthionalaibh bochda chum teachdairean suidhichte chur os an ceann, fhuaradh e 'n a bheannachd ro-mhòr do iomadh cèarnaidh fheumaich air feadh na Gaidhealtachd; agus tha an t-ionmhas a chuireadh a mach air riadh, air son na criche sin, a nis air ruigheachd £15,250. Tha fichead coimhthional againn a nis a chuidichear leis an ionmhas so. Fhuair an ceud aon diubh cead gu ministeir a ghairm 's a' bhliadhna 1859, agus an aon mu dheireadh 's a' bhliadhna 1879. G'an gabhail thar a chéile, chuireadh n' ar n-Eaglais 's a' Ghaidhealtachd, air an dòigh so aon choimhthional gach bliadhna, ré fhichead bliadhna, agus iad làn-uidheamaichte — fhad 's a dh'fheudas daoine an t-uidheamachadh a thoirt—chum seirbhis an Tighearn a chumail suas. Cha b'fhuras do mhinisteir sam bith, ann an iomadh seadh, clach-chuimhne ni 's fiùghaile fhaighinn air a togail mar chuimhneachan air, na bhitheas aig Ceann-suidhe urramach a' Chomuinn so anns na coimhthionalaibh ud, a thogadh suas agus a chuidicheadh fo a chùraim athaireil-san. Tha nithe de 'n t-seòrsa so, co maith ri sinnsireachd agus ri eachdraidh ar n-Eaglais, a' nochdadh gu bheil a' chòir a's fèarr againn a bhi air ar meas, agus air ar gairm 'n ar n-Eaglais Dhùthchasaich na h-Alba.

Fhuair a' Phairc, ann an Leòdhas, cead a chum ministeir a ghairm 's a' bhliadhna 1879; agus tha Ceann-Locha 's an eilean sin ag iarraidh a' chead cheudna o'n Ard-Sheanadh air a' bhliadhna so. O chionn ùine ghèarr thaisbeanadh, le càirdibh Eaglais na Stàid, gaol neònach do'n eilean sin; agus chuir iad suas dà thigh-aoraidh eile ann, ged a bha na sè tighean-aoraidh, a bha aca roimhe sin 's an eilean, an coimneamh a bhi falamh. Cha b'urrainn iad a bhi ach falamh; oir a réir cunntais a fhuaradh 's a' bhliadhna 1874, cha robh ach mu cheithir cheud agus trì fichead anam 's an eilean air fad nach robh coimhcheangailte ris an Eaglais Shaoir, am feadh a b'e làn-àireamh an luchd-àiteachaidh 23,439. Chualas mòran fàidheadaireachd an tràth sin, gu-m pilleadh an sluagh gu dian, agus gu togarrach a dh'ionnsuidh na h-Eaglais Stéidhichte; ach tha i fathasd co fada o choimhlionadh 's a bha i riamh. Bha càirdean gealtach fo eagal, agus naimhde ladurna ri h-uaill, gu-n tionndaidheadh mi-dhìlseachd agus tréigsinn na h-Uige gu bhi 'n a thoiseach na criche do shoirbheachadh ar n-Eaglais air a' Ghaidhealtachd; ach, gu sealbhach, bha araon càirdean dìleas agus naimhdean geura le chéile air am mealladh. Tha e air aithris gu bheil cuid de bhraighdibh Uige air pilltinn o'm bruid a cheana, agus gu bheil tuilleadh gu'n leantuinn. A thaobh oibre agus soirbheachaidh spioradail, tha cor na h-Eaglais Stéidhichte air feadh na Gaidhealtachd ro-choltach ris a' bheachd a dh'aithriseadh uimpe le boirionnach ann an Leòdhas, ris an do chuir a ministeir a' cheisd, "An urrainn thu innseadh, a bhean, co i an Eaglais neo-fhaicsinneach?" An déigh meadhrachaidh car tiota, fhreagair i leis an urram a tha dualach do na Gaidheil, "Ma ta, cha-n urrainn mise innseadh dhuibh, mur i an Eaglais Stéidhichte i." Ann an iomadh àite, tha i neo-fhaicsinneach gu leòir, ach a mhàin gu bheil tighean-aoraidh agus ministeirean aice. Gleidhidh an t-airgiod iad sin le chéile; ach is e an ni a tha cruaidh na h-Eaglaisean a lìonadh le luchd-aoraidh. Air an làimh eile, is e an ni a tha cruaidh air a' Chomunn againne tighean-aoraidh agus teachdairean fhaotainn; oir co luath 's a thogar Eaglais, agus a shuidhichear ministeir innte, tha

an sluagh air ball a' cruinneachadh d'a ionnsuidh, agus 'g a mhisneachadh 'n a shaothair. Mar so tha gairm as ùr a' teachd gu buill shaoibhir agus fhialuidh na h-Eaglais, chum còmhnadh a thoirt do 'n aobhar mhaith so, ionnus gu-m bi coimhthionalan bochd eile, air feadh na Gaidhealtachd, air an cur ann an suidheachadh 's am feud iad gairm a thoirt do theachdair suidhichte, gu saoithreachadh 'n am measg.

An déigh labhairt mu thimchioll na dìlib mòire a dh'fhàgadh le Dr. Binny Webster—dìleab o'm bheil seachd ministeirean deug thar fhichead air feadh na Gaidhealtachd aig an àm so a' faotainn £12 's a' bhliadhna, agus dìleab a bhitheas gu h-aithghearr air a meudachadh le £2300,—agus an déigh iomradh a dheanamh mu fhialuidheachd Mhr. Uilleam Mhic Ionmhuinn agus a chàirdean, a tha a' toirt còrr is £200 gach bliadhna gu cuideachadh le stìpeinibh cuid de mhinisteiribh na Gaidhealtachd, chaidh Mr. Là air aghaidh gu luaidh a dheanamh air dithis de mhinisteiribh na Gaidhealtachd, a chrìochnaich an turus agus an saothair air a' bhliadhna so a chaidh. B'iad an dithis dhaoine urramach sin Mr. Domhnullach a bha an Uraigh, agus Mr. Cipein a bha an Arochar. Bha an t-iomradh a thugadh m'an timchioll, le ministeiribh a bha còlach orra, mar a leanas:—"B'e Mr. Domhnullach seanair na Cléire aig Inbhir-Feobhairean, agus an t-Seanaidh aig Ros. Air a' bhliadhna 1830, shuidhicheadh e, mar fhear-cuideachaidh agus mar fhear-ionaid 'athar féin, 'n a mhinisteir ann an sgìreachd Uraigh, far an do shaothraich e le taitneas agus tairbhe d'a shluagh, agus le dìlseachd d'a Mhaighstir nèamhaidh, air son còrr is leth-cheud bliadhna. Mar shearmonaiche, mheasadh e leis na h-uile 'n a theachdair a bha gu sònraichte freagarrach chum togail suas agus ùrachaidh òighreachd Dhé, chum seòlaidh a thoirt dhoibh-san a bha fo iomagain, chum comhfhurtachd a fhritheileadh dhoibh-san a bha ri bròn, agus chum dùsgaidh do 'n dream a bha gun chùram. Mar aodhaire, b'esan athair a threuda gu léir, a dh'amhairc suas ris mar chomhairliche 'n an uile dheuchainnibh agus àmhgharaibh. Mar bhall de chùirtibh na h-eaglais, bha e air leth riaghailteach agus cliùthoillteannach. Ann an aon fhocal, bha e 'n a dhuin' uasal diadhaidh, agus 'n a eiseamplair de na bhuineadh do mhinisteir dìthcha a bhi." "Bha Mr. Cipein 'n a dhuine a ghràdhaicheadh gu ro-mhòr, agus air am bi cuimhne thaitneach aig na h-uile d'am b'aithne e. Aig amannaibh gluasadach an Dealachaidh, thug se e féin do 'n Tighearn, agus, a' cur cùl ri buannachd aimsireil, rùnaich e a bheatha a choisrigeadh do mhinistreileachd na h-Eaglais Saoire. Air dha bhi 'n a dhuine de thàlannaibh agus de ghràsaibh a tha ainneamh, bha e ro-fhreagarrach chum aon do na h-àitibh a 's inbhiche 's an eaglais a lìonadh le tairbhe; ach mhothaich e agartas na Gaidhealtachd, agus anns an dòigh 'bu neofhéineile thionndaidh e air falbh o gach uile raon gealltuinneich eile a bha fosgailte dha, agus rinn e dìchioll chum uiread a dh' eòlas fhaotainn air cànain nam beann 's a dh' uidheamaicheadh e chum an soisgeul a shearmonachadh do na Gaidheil 'n an cànain féin. Shuidhicheadh e air tùs ann an eilean Raarsaidh, agus an déigh sin ann an Arochar; agus anns na h-àitibh sin le chéile, shaothraich e le mòr-dhùrachd agus le buaidh, air chor as gu-n robh cridheachan an t-sluaigh air an cosnadh leis."

Tha am bàs a' toirt aoin an déigh aoin mar so air falbh, araon o mheasg ar teachdairean, agus o mheasg ar sluaigh; ach tha e ro-shoilleir fathasd gu h-i an Eaglais Shaor eaglais nan Gaidheal an diugh, mar a b'i 's a' bhliadhna ainmeil 1843,—ni a ta air a dhearbhadh dhuinn le tabhartasaibh ar coimhthionalan Gaidhealach do Ionmhas-beathachaidh nam ministeir a bhi ni 's fèarr air a' bhliadhna so na bha iad an uiridh. A' gabhail nan naoi Cléirean deug Gaidhealach thar a chéile, tha leasachadh maith air a thoirt do'n Ionmhas sin leo: agus ann an àitibh-searmonaichaidh a' Chomuinn so, thionaladh air a' bhliadhna a dh'fhalbh £530, 3s. 8d., suim a tha £159, 17s. 1d. os cionn na thionaladh uatha an uiridh.

Ach is e an ni a tha taitneach leinn os cionn nan uile nithe gu bheil iomradh 'g ar ruigheachd, o chuid d'ar luchd-saothrachaidh, mu thimchioll dùsgaidh agus iompachaidh anama neo-bhàsmhor, agus gu bheil cuid d'ar n-àitibh-searmonachaidh ann an suidheachadh roghealltuinneach aig an àm so. Mar shampuill dhiubh sin, tha iomradh taitneach air teachd d'ar n-ionnsuidh o Phartuig, o Scipneis, agus o Acharrachdaill. Thugadh naigheachd mhaith thugainn mar an ceudna le teachdair a chaidh o 'n Chomunn a dh'fhiosrachadh Eileanan iomallach na Gaidhealtachd. Tha esan ag innseadh gu bheil Uidhist mu Thuath, agus na h-Earadh, agus gu h-àraidh Beinn-a'-Mhaoil, ann an staid ro-ghealltuinneich a nis. Tha coslas oibre sònraichte gràis 's an eilean sin. Air na mìosaibh a chaidh seachad, thaisbean an sluagh dùrachd neo-ghnàthaichte, a' cruinneachadh gu searmonachadh an Fhocail, gach àm a gheibheadh iad an cothrom; agus tha an soisgeul coltach ri bhi a' drùigheadh gu mòr orra. Ann an eilean Bheinn-a'-Mhaoil, tha ochd ceud deug de luchd-àiteachaidh, d'am bheil 900 co dhiubh 'n an Pàpanaich. Ann am freasdal Dé tha cothrom a nis air a dheònachadh chum tuilleadh a dheanamh air son an t-sluaigh sin na rinneadh le ar n-Eaglais fathasd: agus tha dà ni àraidh 'bu chòir a

bhi deanta gun dàil,—air tùs, tigh-aoraidh a thogail a chumadh ceithir cheud pearsa; agus a rìs, an t-eilean a dheanamh 'n a àite-searmonachaidh, le sùil ri bhi ann an ùine ghèarr 'n a choimhthional suidhichte. Tha àitean eile air an d' rinneadh luaidh, ach mu thimchioll nach 'eil rùm againn gu sgrìobhadh.

Tha an t-iomradh mu thimchioll oibre a' Chomuinn aig na bailtibh iasgaich a' nochdadh fàis agus cinneachaidh; agus air a' bhliadhna so, air son na ceud uaire, tha an Comunn a' cur teachdaire dh'ionnsuidh nan Gaidheal aig an iasgachd an Arco. Bha aon de na teachdairibh, air a' bhliadhna a dh'fhalbh, a rinn luaidh gu sònraichte air na buairidhibh d'am bheil na h-iasgairean fosgailte, gu h-àraidh ann an comhcheangal ri peacadh na h-ana-measarrachd, no na misge. Gidheadh. g'an gabhail thar a chéile, cha-n fhaighear 's an rìoghachd air fad cuideachd ni's stuama, no ni 's deadh-bheusaiche na ar n-iasgairean Gaidhealach; agus is bochd an ni, gu-n tugadh beagan de dhaoinibh amaideach, le 'n gluasad ana-measarra, masladh air am bràithribh, agus air an dùthaich o'n d' thàinig iad. Is aobhar ghairdeachais e do chàirdibh nan Gaidheal gu bheil Cuideachd Mheasarrachd Ghaidhealach air a cur suas o chionn dà bhliadhna, agus gu bheil trì mìle pearsa a nis ann an comh-cheangal rithe. Bu mhaith na 'm bitheadh iad 'n an deich mìle fichead.

Tre fhialuidheachd Mhr. Martuinn á Achendennan—seanair ro-mheasail a bhuineas d'ar n-eaglais,—tha an Comunn, air a' bhliadhna so, air cur chùiseau an ordugh chum dithis dhaoine freagarrach a chur uatha, a reiceadh leabhraichean maith am measg nan iasgair. Tha aon de na daoinibh so air falbh gu Eirinn; agus tha e g'a dhol as a sin gu oirthir Ghallaoibh. Tha am fear eile a' tòiseachadh aig Barra, agus na h-àitibhiasgaich eile air taobh siar ar dùthcha; agus tha e a' dol uatha sin gu Baile-nam-Frisealach, Ceann-Phadruig, agus bailtibh eile air taobh soir na dùthcha. Tha sinn ag earbsadh mòr-mhaith o oidheirpibh nan daoine so chum sgrìobhaidhean fallain a chraobhsgaoileadh am measg nan Gaidheal, a ghiùlaineas iad gu 'n teaghlaichibh féin, anns na crìochaibh céine 's am bheil an còmhnuidh.

Bha iomadh ni eile ann an Iomradh a' Chomuinn, air son nach 'eil rùm againn an so: ach feudar aithris, ann an comhdhunadh, gu-n d'rinn an t-Ollamh Mac Lachlainn, agus an Comunn, a mholadh do'n Ard-Sheanadh gu-n rachadh an t-Ollamh Rainy a chur air leth mar Cheann-suidhe a' Chomuinn so, ann an àite an Ollaimh urramaich, a tha a nis, le staid a shlàinte, air a chomh-éigneachadh gu obair a thlachd a thoirt thairis. Dh'aontaich an t-Ard-Sheanadh agus an t-Ollamh Rainy gu-n rachadh comhairle a' Chomuinn a ghabhail: agus is e ar n-iarrtas agus ar dùil gu-m bi saothair ar Cinn-suidhe ùir, agus obair a' Chomuinn agus nan teachdair a tha 'n an seirbhis air an aideachadh, agus air am beannachadh gu mòr leis an Tighearn; agus gu-m bi a' Ghaidhealtachd air feadh a crìochan gu léir a' soirbheachadh tre shearmonachadh an Fhocail.

———o———

## GEARR-IOMRADH MU SHEORAS WISHART

*(air a leantuinn).*

### V.

An uair a bha a' phlàigh a' caitheadh as, fhuair Wishart litir o a chàirdean, uaislean taoibh an iar Albainn, ag iarraidh air an coinneachadh an Dunéidinn, agus deasboireachd a chumail gu follaiseach an sin ris na h-easbuigean. Dh'aontaich e gu toileach. Ach mu'n d'thàinig an t-àm a shonruicheadh, thug an Cardinal ionnsuidh uaigneach air a bheatha. Dhealbh e litir mar gu-m b'ann o aon d'a chàirdean Wishart, triath Chinnear, ag aslachadh air tighinn far an robh e gun dàil, oir gu'n do glacadh e le tinneas obann. Chuir e an sin tri fichead fear armaichte gu luidhe am fàth air an rathad a bha e gu ghabhail agus a ghlacadh. Dh'fhalbh Wishart agus beagan chàirdean maille ris. Ach gu h-obann stad e, agus an déigh meòrachadh car tacain, phill e. An sin thuirt e riu, "Cha téid mi; tha Dia 'g am bhacadh; tha mi dearbhta gu bheil foill ann." Air do a chàirdean dol air an aghaidh, fhuair iad an luchd feall-fholach, agus thàinig iad agus dh'innis iad sin da. An sin thuirt e, "Tha fios agam gu-n criochnaich mi mo bheatha ann an làmhan au duine fhuileachdaich sin; ach cha-n ann air an doigh so a bhitheas e."

An uair a thàinig an t-àm a chomharraicheadh, chuir e 'aghaidh air Dunéidinn. Chaidh e troimh Dhundeagh gu Ionarghabhraidh far an do chaith e an oidhche an tigh Sheumais Watson. Ghabh an tigh uile mu thàmh; ach cha b'urrainn do Wishart cadal. Dh'fhàg e a sheomar,

agus dh'iarr e àite anns am faigheadh e bhi 'n a aonar maille ri Dia. Oir thàinig eagal agus crith air, agus ghlac uamhunn e. Fhuair e àite sàmhach dlùth air an tigh far an d'imich e sios agus suas car ùine. Ach cha d'thàinig comhfhurtachd d'a ionnsuidh. B'e uair a dhorchadais a bha ann; agus air dha tuiteam air aghaidh, dhòirt e mach 'anam ann an osnaidhean agus an deoir maille ri urnuighean. An déigh ùine, fhuair e fois, agus phill e dh'ionnsuidh an tighe. Choinnich fear-an-tighe e, agus dh'feoraich e dheth c'àit an robh e. Ach cha-n innseadh e dad dhoibh. A rìs air an ath mhaduinn dh'fheoraich iad dheth, ag aideachadh gu saor gu-n do lean iad e, agus gu-n robh iad 'g a fhaicinn. "B'fhearr leam," ars' esan, "gu-n robh sibh 'n ur leapaichean, agus bhiodh e ua bu bhuannachdaile dhiubh, oir is gann gu-n robh mi air mo chleachdadh gu maith." Dh'aslaich iad air gu-n abradh e ni éigin a bheireadh comhfhurtachd dhoibh, do bhrìgh gu-n robh iad air an cràdh a' faicinn a dhoilgheis. Ach fhreagair esan, "Innseam dhiubh gu bheil dearbhachd agam air gu bheil mo shaothair dlùth air a crich, agus uime sin iarraibh air Dia maille riumsa nach fannaich mi nis an uair a tha an cath a' tighinn gus a theothad." Agus an uair a bha iadsan a' gul, agus ag ràdh, "nach robh mòran comhfhurtachd an sin doibh-san," fhreagair e, "Cuiridh Dia comhfhurtachd thugaibh a'm dhéigh-sa. Bithidh an rioghachd so air a soilleachagh le solus soisgeil Chriosd, cho soilleir 's a bhi rioghachd riamh o làithean nan abstol. Bithidh tigh Dhé ann; seadh, cha bhi e dh'easbhuidh na cloiche-mullaich. Agus cha bhi so fada 'g a dheanamh. Cha-n fhuiling mòran as mo dhéigh-sa, mu'm bi gloir Dhé gu soilleir air a foillseachadh, agus am buadhaich i dh'aindeoin Shatain."

Air an là sin dh'fhàg e Ionarghabhraidh gu dol do Lite, far an robh dùil aige uaislean an Taoibh-an-iar a choinneachadh. Ach cha chualas guth uatha; agus o'n a bha Wishart ann an cunnart mòr, chomhairlich a chàirdean da fantuinn am falach. Ach cha robh e suaimhneach 'n a spiorad agus e 'u a thosd gun bhi 'searmonachadh. Air ceithir Sabaidean an déigh a chéile shearmonaich e ann an eaglaisean timchioll Dhunéidinn. 'N a shearmoinean uile roimh-innis e giorrad na h-ùine a bha aige gu saoithreachadh, agus mu a bhàs a bha na b'fhaigse, thuirt e, na a chreideadh neach air bith.

## VI.

O nach d'thàinig guth o uaislean an Taoibh shuas, thàinig Wishart do Haddington; ach le eagal a' Chardinal cha a robh a luchd-éisdeachd cho lionmhor 's a bha dùil aige. Chuir so trioblaid air; agus ann am meadhon a mhi-mhisnich thàinig guth o a chàirdean 's an Taobh shuas nach b'urrain doibh a choinneachadh. Dh'fhaodadh e gearan air gu-n do threoraich iad e gu cunnart mòr, agus gu-n d'fhàg iad an sin e; ach is e an t-aon ni a chuir doilgheas air gu-n robh iad sgith de Dhia, agus nach robh suim aca d'a aobhar.

Bha aige ri searmonachadh an là sin ann an *Haddington;* fad corr 'us leth-uair choisich e sios agus suas fa chomhair na h-altarach, agus a ghnuis a' feuchainn doilgheas 'inntinn. Dhìrich e an sin do'n chùpaid. Bha e gu searmonachadh air an dara clàr de'n lagh, ach bha a chridhe a' lasadh an Taobh a stigh dheth; bha e eudmhor air son an Tighearna Dia nan sluagh, aig an robh 'fhocal air a dhearmad tre eagal duine, agus cha b'urrainn e labhairt air ni ach na truaighean a thigeadh orrasan a thréig Esan agus a theachdaireachd. Labhair e gu sonruichte mu na plàighean a bha gu tighinn air Haddington. An sin stad e, ag ràdh, "Dhi-chuimhnich mi mi féin, agus an ni a bhi mi dol a làimhseachadh; ach fanadh mo bhriathran deireannach ann 'ur n-inntinn, gus an cuir Dia comhfhurtachd ùr d'ur n-ionnsuidh."

B'i so a shearmoin dheireannach. Air an là sin ghabh e a cheud deireannach d'a chàirdean an sin. Cha leigeadh e do Iain Knox dol maille ris; ach chuir e air ais e ag ràdh, "fòghnaidh aon air son iobairt." Thàinig e le tighearn Ormiston dh'ionnsuidh a thighe. An déigh na suipeir, sheinn iad salm, agus chaidh esan d'a sheòmar, ag ràdh, 'Gu-n deonaich Dia fois shuaimhneach.'

## VII.

Ach cha robh gu bhi do aon 's an tigh an oidhche sin. Mu'n d' thàinig meadhon-oidhche bha an tigh air a chuartachadh le daoine armaichte, agus Iarla Bhothwell, Ard-Shiorram Haddington, air an ceann. Mhinich e a thurus, agus thuirt e nach biodh feum ann an cur 'n a aghaidh do bhrigh gu-n robh an Cardinal e féin air an rathad agus mar uidhe mìle do'n tigh. "Fosglaibh na geatachan," thuirt Wishart, "agus toil bheannaichte mo Dhé gu robh deanta." Gheall Bothwell gu sòluimte nach éireach dochann sam bith dha, ach gu-n dionadh e féin e. Feudaidh e bhi gu'n do rùnaich Bothwell a ghealladh a chumail. Ach ma rùnaich, thug òr a' Chardinal, agus impidh mathar na ban-righ buaidh air a rùn. An deigh a bhi beagan làithean ann an Caisteal Dhunéidinn, bha Wishart air a thoirt thairis do làmhan a' Chardinal agus air a thilgeadh do'n ghainntir sin ann an Cill-riblhinn d'am b'ainm a' ghainntir-bhotail. Tha an slochd so r'a fhaicinn fhathast. Tha e air chumadh

botail. Tha naoi troidhean a dh'fhad 's an amhaich, agus ceithir troidhean fichead 's an iomlan. Tha sé troidhean air leud ann aig a' bhraighe, ach tha o a' dol na's farsuinne gu ruig ochd troidhean deug aig a' ghrunnd. Bha prìosanaich air an leigeil sios le slabhruidh a bha ceangailte ri crann iaruinn a bha tarsuinn air beul an t-sluichd. Cha-n 'eil aon chuid dorsan no uinneagan ann.

B' ann am mios *January* 1546 a bha Wishart air a ghlacadh; agus aig deireadh *February*, ghairm an Cardinal na h-easbuigean cruinn gu breith a thoirt air. Chum gu-m biodh samhladh òrduigh anns a' chùis, chaidh barandas iarraidh air Iarla Arainn, a bha 'n a Thànaistear (*regent*) air an rioghachd 'n uair a bha ban-righ Màiri 'n a leanabh. Cha-n e mhàin gu-n do dhiult an t-Iarla barandas, ach thoirmisg e do'n Chardinal dol air aghaidh leis an deuchainn gus an ruigeadh e féin. Ghabh am Beatonach eagal gu-n rachadh a chreich as air, agus shonruich e dol air aghaidh gun am barandas, chum as gu-m biodh a' bhinn air a coimhlionadh mu-n tigeadh an t-Iarla.

Air a' cheud là de'n Mhàrt chaidh Wishart a thoirt an làthair a' Chardinal agus nan easbuigean. Chaidh na cùisean-ditidh a bha 'na aghaidh a leughadh. Dhion e e féin, agus dhearbh e gu-n robh gach ni a theagaisg e a réir nan Sgriobtur. Ach cha robh ceartas na's mò na bha trocair, aig a naimhdean. Bha a bhinn air a toirt a mach, agus bha e air a shònrachadh gu-m biodh i air a cur an gniomh gun dàil, air eagal gu-m biodh oidhirp air a toirt air a' phriosanach a theasairginn.

## VIII.

Bha gunnachan-mòra a' chaisteil air an tionndadh ris an àite 's an robh a' bhinn gu bhi air a coimhlionadh. Bha barra-bhallachan a' chaisteil air an ullachadh le cùirteineau riomhach, agus le cluasagan-suidhe chum gu-m faigheadh an Cardinal agus na h-easbuigean an sùilean a shàsachadh le piantan an duine naoimh so. An déigh biadh a ghabhail maille ri ceannard a' chaisteil, agus sparradh air a chàirdean gun àite thoirt do fhuath no do thogradh dioghaltais, chaidh Wishart do sheòmar gus am biodh an luchd-marbhaidh deas. Cha b'fhada gus an d'thàinig iad, agus an d'thug leo e do'n àit anns an robh a' chrioch agus an connadh air an ullachadh. Cha robh masladh no tarcuis a b'urrainn daoine dhealbh air an caomhnadh. Bha a làmhan air an ceangal air a chulaobh, bha slabhraidh throm m'a mheadhon, agus taod m'a mhuineal. 'N uair a thàinig e dh'ionnsuidh an àite, thuit e air a ghlùinean, agus thubhairt e, "O Shlanuighir an t-saoghail, dean trocair orm. Athair nèimh, tha mi a' tiomnadh mo spioraid 'n ad lamhan naomha-sa."

An sin dh'éirich e agus labhair e ris an t-sluagh, a' deanamh fianuis air firinn nan teaga gan e shearmonaich e, agus a' sparradh orra gun iad a thoirt thairis foghlum focail an Tighearna air son geur-leanmhuinn no trioblaid. "Is ann air son an fhocail agus an fhior shoisgeil a tha mise 'n diugh a' fulang, cha-n ann le bròn, ach le inntinn agus cridhe subhach. Thugaibh fainear; cha-n fhaic sibh mi ag atharrachadh dreach. Cha-n 'eil eagal orm roimh an teine dhuaichnidh so; agus mar so thu mi 'g aslachadh oirbhse dheanamh, ma thig geurleanmhuinn oirbh air sgàth an fhocail, agus gun eagal a bhi oirbh romhpasan a mharbhas an corp, ach aig nach eil comas an t-anam a mharbhadh. Thuirt cuid gu-n robh mise a' teagasg gu-n caidil an t-anam gus an là dheireannach: ach tha fios cinnteach agam gu-n gabh m' anam a Shuipear le mo Shlanuighear an nochd mu'm bi e sè uairean."

An déigh so rinn e urnuigh air son a naimhdean d'an d'thug e maitheanas, thuirt e, le 'uile chridhe. An uair a bha na h-uile ni deas, dh'iarr an crochadair maitheanas air, ag ràdh nach robh esan ciontach d'a bhàs. Phòg Mr. Wishart a ghruaidh, ag ràdh, "Feuch, sin comharra dhuit air gu bheil mise a' toirt maitheanais duit. A charaid, dean do ghnothuch." An sin thàinig a' chrioch. Bha e air a cheangal ris a' chrioch, agus bha 'n teine air 'fhadadh. Bha ceannard a' chaisteil 'n a sheasamh làimh ris ré na h-ùine. Ris-san thubhairt e, "Gu-n toir Dia maitheanas do'n duine ud a tha 'n a shuidhe cho uaibhreach air a' bhalla; ach tha fios agam nach fhada gus am bi e 'n a luidhe an sud ann an tuilleadh tarcuis na tha nis de ghlòir aige." B'amhuil a thachair. Tri miosan an déigh so rug dioghaltas air a' Chardinal. Bha e air a mharbhadh anns a' chaisteal, agus a chorp air a chrochadh a mach air an dearbh uinneig o'n d' amhairc e air losgadh Wishart.

## IX.

Dh'fhuiling Wishart air a' cheud là de'n Mhàrt, 's a' bhliadhna 1546. Mur urrainn duinn a ràdh gu'n robh na naimhdean a mharbh e aig a bhas na 's lionmhoire na iadsan a mharbh e 'n a bheatha, feudaidh sinn co dhiubh a ràdh nach robh aon ni eile a chabhagaich air aghaidh an t-Ath-leasachadh cho mòr. Bha an duthaich air a h-ullachadh le a shearmonachadh, agus bha a theagasg air a dhaingneachadh le a bhàs. "An so tha an ràdh ud fior, gu bheil aon neach a' cur, agus neach eile a'

buain." Bha mòran de na bhuain Knox 'n a thoradh air cur dhùrachdach, urnuigheil Wishart. Agus tha esan a chuir agus esan a bhuain a' deanamh gàirdeachais a nis le chéile.

—o—

## CRAOBHSGAOILEADH AN T-SOISGEIL AGUS LEUDACHADH NA H-EAGLAIS AIG AN TIGH.

### HOME MISSION AND CHURCH EXTENSION.

Tha mòran, ro mhòran, r'a dheanamh ann an craobhsgaoileadh an t-soisgeil 'n ar meadhon féin mar thìr. Cha-n 'eil sinn a' tighinn an tràthsa air na bheil de mhuinntir neo-iompaichte ann ar coimhthionalan; 's e tha againn 's an t-sealladh na tha dh'easbhuidh chothroman agus mheadhonan suidhichte, agus an àireamh a's lionmhoire gu mòr na sin, a tha beò ann an dearmad air meadhonanan nan gràs, agus ann am mi-bheus follaiseach. Tha gairm labhair ris an eaglais, agus ris gach eaglais, dol a mach gus na rathaidean mora agus na gàrachan, agus sràidean agus caol-shràidean nam bailtean, a cho-éigneachadh nan diobarach bochda so gu teachd a steach.

Chuir Dr. Adam, Ceann-suidhe a Chomuinn a tha air ceann na h-oibre so, Iomradh farsuinn, mionaideach, air beulaobh an Ard-Sheanaidh, mu'n t-saothair a tha air a deanamh. Bheir sinn oidhirp air beagan de so a thoirt anns an ath àireamh.

—o—

## IOMRADH

### MU SHAOTHAIR NA H-EAGLAIS', ANNS NA COLONIES.

### COLONIAL MISSIONS.

Africa mu Dheas.—Tha a nis da cho-thional, an ceangal ris an Eaglais againn ann an Lunnainn-an-ear—Baile-mòr na cearnaidh so—aon air gach taobh de 'n amhainn a tha dol troimh 'n Bhaile. Tha so a nochdadh, cia mar a tha 'n luchd-àiteachaidh a dol an lionmhorachd; agus mar a mheudach an co-thional, gus am b' éigin Eaglais ùr a thogail agus co-thional eile a chur air chois. Tha suil, nach e mhàin gu'm bi an co-thional so comasach air e féin a chumail suas; ach mar an ceudna comhnadh a dheònachadh gu co-thionalan eile 'chur air chois anns a Cholony so.

Tha an Committee mar an ceudna air faotainn cuiridh bho chléir Natal as leth cuid de luchd-àiteachaidh Umgeni,—àite a tha mu thimchioll cuig mile deug, a mach bho Bhaile-mòr Natal. Tha iad a' gealltuinn faisg air tri chend punnd Sasunnach 's a bhliadhna a chur ri cheile, airson a mhinisteir—ma gheibh iad e. Tha an Committee aig a bhaile, mar an ceudna a' gealltuinn, gu-n dean iadsan còmhnadh, gus a mhaoin chuideachidh so a mheudachadh rè nan tri bliadhna ud. Tha dochas uime sin, ann an uine ghèarr, gu'm bi ministear air fhaotainn, a bhitheas deònach a dhol a mach a dh'ionnsuidh na cearnaidh iomallaich so.

Eileanan Falkland.—Bha Mr. Yeoman 'n a mhinistear rè dheich bliadhna anns a chearnaidh so. An deigh dha pilltinn dhachaidh, bha e car tamuill gu math duilich do'n Chommittee ministear eile fhaotainn—a ghabhadh 'àite. Ach a nise, tha Mr. Philip—a tha o chionn ghrathuinn ann an Duneidin Albannach, air aontachadh ri dol a mach. Tha dùil tre bheannachadh an Tighearna gu'm faighear, gu'm bi Mr. Yeoman na theachdaire dileas; agus endmhor am measg an t-sluaigh, a dh'ionnsuidh am bheil e dol.

Tha Dr. Stuart ministear Dhuneidinn Baile-mòr Otàgo, a' sgriobhadh gu'n d' rainig Dr. MacGhriogair—a bha roimhe so, a' teagasg ann an Oil-thigh na h-Eaglais Saoire an Duneidin Albannach—agus gu'm bheil e air gairm fhaotainn—agus air a shuidheachadh thar a' cho-thional, a tha ann an Sgire Omaru-ma-dheas. Bha Dr.

Stuart a lathair maille riu—agus mar an ceudna trinir mhiuistearan òga a bha air an teagasg le Dr. MacGhriogair 'n uair a bha e anns an Oil-thigh aig a' bhaile.

Tha Dr. Stuart aig innseadh ni eile—gu'm bheil a nise, uiread a mhinistearan, aca agus a tha a dh'eaglaisean ann—ni nach do thachair 'o chionn bliadhnaichean air ais; oir tha cuimhne aig ar luchd-leughaidh, mar a bha iad a sior thagradh, gu'm biodh tuilleadh mhinistearan air an cur a mach. Tha e mar an ceudna a sgriobhadh dhachaidh, gu 'n robh an Synod aca cruinn 'o chionn ghoirrid; agus am measg nithe eile, gu'n robh e air ainmeachadh, gu 'm bheil maoin cuideachaidh na h-Eaglais', a toirt da cheud agus tri puinnd deug Sasnnnach 's a bhliadhna, do gach ministear.

Tha e mar an ceudna a sgriobhadh gu'm bheil comas searmonachaidh gu bhi air a thoirt do dhithis dhaoin' òga, a dh'oileanaichcadh anns a Chollege aca féin; agus gu'r e fear dhiu mac do Dhr. Macantòisich a bha roimhe so na mhinistear ainmeil, ann am Baile-Dhuthaich, an Siorrachd-Rois. Tha sin ro thoilichte chluinntin gu'm bheil mac 'athar, agus odha 'Sheanar anns an dreuchd —agus ma bhitheas e coltach ri shinnearachd, bithidh buannachd aig an Eaglais dhe, agus glòir aig an Tighearna.

### Tir Mhor na Roinn-Eorpa.

Tha Dr. Somerville a saothrachadh 'o chionn shè miosan anns a' Ghearmailt; agus air dol troimh dhà bhaile dheug de na bailtean a's mo—a' searmonachadh an t-soisgeil. Shoirbhich an Tighearna leis gu mòr. Thàinig sluagh lionmhor anns gach baile g' a eisdeachd; agus tha cinnteas againn, gu'n robh anaman air an iompachadh a dh' ionnsuidh Chriosd. Gu'm bheil dusgadh 'n am measg cha'n eil teagamh againn—oir cha'n e mhàin, mar a thubhairt sinn, gu'm bheil muinntir nam bailtean féin a cruinneachadh; ach tha mòran sluaigh a tighinn á cearnaidhean eile dh'ionnsuidh nan coinnidhean. Mar dhearbhachd eile air so, tha na coinnidhean air an cumail suas ann an iomadh àite 'n déigh do Dhr. Somerville falbh. A chionn nach aithne dha a' Chainnt Ghearmailteach, tha e 'n eisiomail eadar-theangair; agus anns gach cearnaidh 's an robh e, tha e na aobhar iongantais mar a thog Dia suas daoine aig am bheil an dà chainnt—gu bhi 'nam meadhon air an fhirinn—mar a labhair esan i—a linbhairt do'n t-sluagh 'nan cainnt féin. Biodh 'ar luchd-leughaidh ag ùrnuigh gu'n uisgich Dia gu saoibhir an siol a bha air a chur leis, anns na cearnaidhean dorch' ud, gu math do dhaoine agus glòir do'n Tighearna.

Paris.—Tha deagh obair adol air a h-aghaidh a nn am baile-mòr na Frainge; agus mar an ceudna anns na dùchanna Frangach. Aig ùr-thoiscachadh nan coinnidhean, cha robh a tighinn a dh'éisdeachd, ach dream a bha dol 's a' tighinn. Ach a nis, anns gach ionad anns an robh coinnidhean air an cumail, agus air an leantuinn, tha againn earrann de'n t-sluagh a tha air dlùleantuinn ruinn; agus gu riaghailteach a' feitheamh air na meadhonan, o Shàbaid gu Sàbaid. Tha aig àmannan, aig co-dhunadh na seirbhis cho liugha ri ceithir fichead pearsa a' fantuinn air deireadh fo chùram anama, agus gu bhi air an teagasg a thaobh slighe na slàinte, trid an Tighearn' Iosa Criosd. Tha mar an ceudna deagh chunntas againn 'o bhailtean eile, anns an Fhraing; agus mar an ceudna 'o bhaile a bha thuige so, gu sonruichte fo bhuaidh na Pàpanachd—agus far am bheil a nis, coinnidhean air an cumail, agus mòran sluaigh a' cruinneachadh, a dh'éisdeachd an t-soisgeil.

Tha na ministearan a chuireadh a mach ri a gheamhraidh agus an carraich, a shearmonachadh ann am bailtean eile air Tir Mhòr, a toirt dachaidh deagh chunntas.

### Ciod a tha gras Dhe comasach air a dheanamh.

Bha Mr. Guthrie aon de na ministearan a dh'fhuiling airson na Firinn aig am an Ath-leasachaidh. ro ainmeil a bhrigh cho liugha 'us a bha e 'n a mheadhon air iompachadh. Air oidhch' àraidh bha e 'pilltinn dhachaidh gle anmoch a dh'ionnsuidh a thighe. Thachair gu'n deach e air seacharan anns a' mhonadh—agus smuainich e gu'r e b' fhearr dha leigeadh leis an each aige a dhol mar a thoilicheadh e; agus e féin earbsadh ri stiuradh Freasdail. Ma dheireadh, rainig e féin agus an t-each tigh tuathanaich. Chaidh e steach, agus dh'iarr e cead suidhe aig taobh an teine gu maduinn. Fhuair e cead so a dheanamh. Bha bean an tuathanaich ro thinn—dlù air a bhàs; agus co a thàinig a stigh ach sagart Pàpanach, a thoirt na h-ola bhàis dhi (*extreme unction*). Cha dubhairt Mr. Guthrie smid gus an d'fhalbh e. An sinn, ars' esan ris a' bhean a bha tinn, "Am bheil sin a rinn an sagart, a toirt sìth dhuit ann an suil ris a bhàs?" Cha'n 'eil, ars' ise. An sin labhair e rithe mu shìth trid fuil an Tighearna Iosa. Bha an teagasg air a beannachadh dhi; agus bhàsaich i a' deanamh gàirdeachais anns an Tighearna. Chaidh e dhachaidh, agus 'n uair a ràinig e, dh'innis e do'n bhean aige an t-iongantas a chunnaic e. Thàinig mi, 'ars esan, gu tigh far an d'fhuair mi bean ann an staid nàduir—an deigh sin ann an staid gràis, agus mu'n d'fhalbh mi chaidh i steach a dh'ionnsuidh glòire.

MR. ROWLAND HILL.—Bha Mr. Hill 'n a mhinistear ainmeil 'n a latha. Thachair gu 'n d'thàinig aon da ionnsuidh aig am àraidh, airson comharra gu bòrd an Tighearna. Innis dhomh, arsa Mr. Hill, do bheachd mu olcas pheacaidh, agus mu éifeachd fuil Chriosd gu a ghlanadh uainn. Thoisich an duine air a bheachdan a chur an céill—agus dh'innis e bruadar a chunnaic e; agus mar a bhean am bruadar ri 'inntinn; agus mar a bha e mar so air a thoirt fo chùram anama. 'N uair a sguir e, fhreagair Mr. Hill, agus thubhairt e. Cha'n 'eil mi idir, ars' esan, a deanamh dimeas air *bruadar* duine math, ach innsidh mi mu bheachd na 's fearr mu d'thimchioll, an deigh dhuinn fhaicinu cionnus a ghluaiseas tu an deigh so *na do dhùisg*.

IAIN NEWTON.—Arsa Mr. Newton, "fhuair mi tuillcadh croin aig mo dhorus féin, no thachair dhomh anns gach cearnaidh eile de'n t-saoghal anns an robh mi riamh. Thuit mi da uair aig mo dhorus féin, agus dhochainn mi mo ghlun gu dona. Cha do thachair uiread so do chron dhomh rè na h-uine gu léir a bha mi ann an duthanna Céin." Tha so a teagasg dhuinn a bhi a ghnà—agus aig gach àm—aig a' bhaile agus bho na bhaile ga nar cur féin air curam an Tighearna.

———o———

## TEACHDAIREACHD CHEIN NA H-EAGLAIS.

### FOREIGN MISSIONS.

AN TEACHDAIREACHD.—"*Searmonaichibh an soisgeul do gach duil.*" B'i sin àithne ar Tighearna d'a dheisciobluibh. Bha an gràs cho saoibhir, an gràdh cho mòr, an raon cho farsuing 's gu'n robh e cruaidh cadhon d'a dheisciobluibh an fhirinn a chreidsinn agus umhlachd a thabhairt d'a fhocal. B' fheudar do Pheadar sealladh agus teagasg àraidh fhaotainn, mu'n d'aontaich e an soisgeul a shearmonachadh do Chornelius. Bha'n t-as-creideamh buadhach mar an ceudna an deigh àm an Ath-leasachaidh. Mu thoiseach nan ceud bliadhna tha nis a dol seachad, dhuisg an Eaglais o shuain. Bha cuid air am brosnuchadh, gu bhi cuir na ceisde, "A Thighearn ciod is àill leat mise dheanamh?" Anns a bhliadhn 1808, ghabh cuignear fhoghlumach, ann an aon de cholaisdean America, bòid, gu'n searmonaicheadh iad an soisgeul do na Cinnich, nam fosgladh an Tighearn dorus gu dol a steach chum na h-oibre. B'e so toiseachadh saothair nan Eaglaisean ann an America, am measg fhineachan dorcha na talmhainn. Thachair an ni ceudna am measg nam foghlumach ann an Cill-Ribhinn agus chaidh sianar theachdairean a mach, lan dùrachd, làn dochais, agus lan creidimh—Nesbit, Duff, Macaoidh, Ewart, Adam, agus Urquhart. A rithisd anns a bhliadhn 1852, thuit an t-ungadh os àrd, air foghlumaichean Dhun-eidinn, agus an lorg sin, chaidh cuignear a chur a mach le teachdaireachd an aiobhneis. A rithisd, tha àm urachaidh air tighinn a dh'ionnsuidh ar n-Oil-thighean, agus tha deichnear dhaoin' òga, 'g an tairgseadh féin, air son seirbhis an t-shoisgeil ann an tirean céin. Tha feum air luchd-saothrachaidh, agus tha feum air airgiod, chum an cosdas a ghiulain. Tha *cuig mile punnd Sasunnach* a dhith air an Eaglais, air son an Teachdaireachd Chéin air a' bhliadhna so. Co a chuidicheas gu 'so a dheanamh suas?

SOIRBHEACHADH.—Tha naigheachd air tighinn o earrannan fa leth de na h-Innsean, gu'm bheil am focal air a shearmonachadh a' giulan toraidh. Chaidh dithis a bhaisteadh leis na teachdairean ann an Tsinsura, agus am Bombai. Chaidh teaghlaicheau a ghabhail a steach, air an dòigh cheudna, ann an Nagpòr, Madras, Poona, Santal, agus mar an ceudna aun an Africa, agus anu an Siar-Eilcanan a chuain mu dheas. Aig Nagpòr, shearmonaich Mr. Cooper, agus bhaist e fear, agus a bhean, agus a mhac, ochd bliadhn' deug a dh'aois, aig an aon àm. Bha'n tigh làn gus an dorus le sluagh, Innseanaich agus Eorpaich.

Tha'n t-Ollamh Midsell a nis air dol do Mhadras, a saothrachadh anns an t-soisgeil. Tha'n Tighearn a' nochdadh dha comhara air mhaith anns gach aite. Tha moran sluaigh a tighinn gu chéile a dh'éisdeachd, tha iad a fanntuinn le mòr dhurachd, agus ann an iomadh aite tha cuid a tilgeadh stigh an crannchur le pobull an Tighearna. Tha daigneach an deigh daigneach air an toirt fo cheannsal. Cha'n 'eil ach mu cheithir fichead bliadhna 's a deich o'n chaidh a cheud teachdair a mach do na h-Innsean agus tha cuig mile Teachdair a' saothrachadh, agus 30,000 a cuideachadh anns an obair. "Rinn an Tighearn nithe mora air ar son, bha sinn aoibhneach." Tha am fear cuir a' pilltinn, a' giulan sguaban trom a leis.

### Africa.

Libhingstonia. — Tha an t-Ollamh Hannington a sgriobhadh naigheachd 'imrich agus toiseach a shaothair aig Bandawe. Ghabh iad ochd fichead là air an turus chuain, agus an rathad o Chuilemin gu Libhingstonia. Air an t-slighe bha dragh 'us trioblaid aca. Bha Tsipatula aon de na Cinn-fheadhna, fò bhuaidh dibhe laidir, agus bha e cruaidh dhoibh faotainn as a lamhan. Fhuair iad deagh dhi-bheatha o'n Ollamh Laws agus na càirdean bha feitheamh orra. Bha a' cheud Sàbaid 'n a làtha sonruichte dhoibhsan. Chruinnich an sgoil-Shàbaid aig seachd uairean 's a' mhadainn. Aig leth uair an deigh naoi, chruinnich an Co-thional, thainig mu mhìle pearsa gu cheile air an raon, dlùth do'n tigh sgoile. Bha ochd coinneamhan air an cumail ann an àitean mu'n cuairt, an deigh mheadhon-là. 'S an fheasgar chruinnich an co-thional a rithisd agus shearmonaich Dr. Laws ann an beurla, a gabhail mar stéidh-theagaisg, "Gloir do Dhia 's na h-àrdaibh, sìth' air thalamh, deagh-ghean do dhaoinibh." Goirid an deigh dhoibh ruigsinn, ghlac iad am fiabhrus a tha cho buailteach do choigrich, ach le beannachd an Tighearna chaidh iad ann am feabhas gu h-aithghearr. Ach cha'n ann o thinneas a mhain a tha dragh aca. Tha iad a' gluasad gach là ann am builsgean nan trioblaid. Chaidh tri pearsa fichead gu ceann shuas na linne, a dheanamh rathad mòr agus gu cuideachadh leis na càirdean a bha a' saothrachadh an sin. Thainig sluagh na tìre orra gu h-obann, agus mharbh iad naoi pearsa deug dhiubh. Thas a' meas gu bheil luchd-ceannach agus malairt nan traillean 'g am brosnuchadh an aghaidh ar saothair. Guidheamaid air an Tighearn dion a chur orra a la agus a dh'oidhche. Tha teachdairean air an cur air leth air son Africa agus air son na h-Innsean, agus tha iad ag iarraidh gu'm buanaichidh ar luchd-leubhaidh ann an ùrnuigh air son dion, gleidheadh, agus beannachadh an Tighearna orra fein agus air an Teachdaireachd.

---

## NA H-IUDHAICH.

Bha a bhliadhn' a chaidh 'n a bliadhna dhubhaich ann an eachdraidh Israeil. Cha-n 'eil na h-uiread r' a chluinntinn a nis as a bha roimhe so mu'n gheur-leanmhuinn air na h-Iudhaich 's a' Ghearmailt; ach thu e déistinneach r' a leughadh na bheil iad a' fulang o'n t-sluagh ann an caochladh earannan de Ruisia. Tha fuil air a dòrtadh, agus mòran maoin air a mhilleadh; agus tha mòran air an co-éigneachadh gu teicheadh air son fasgaidh do rioghachdan eile. Cha-n urrainn gun aimheal a bhi oirnn gu'm biodh gniomharan cho an-dligheach air an deanamh le muinntir a tha 'g ràdh Criosduidhean riutha féin; agus tha e nàdurra gu'm biodh iad 'n an cìon-fath air naimhdeas nan Iudhach a dhùsgadh na's mo an aghaidh an t-soisgeil. Is e aon de na h-aobharan air són am bheil iad a' buanachadh 'n an diultadh air an t-soisgeul, gu bheil an crannchur ann an tomhas mòr air a thilgeadh ann an àitean anns nach 'eil iad a' faicinn ach samhladh truaillidh de Chriosduidheachd, agus nach 'eil aithne aig mòran diubh ach air Criosduidheachd nach 'eil sinne a' meas airidh air an ainm.

### Ar feum air Teachdairean.

Tha an Comunn air son nan Iudhach ag amharc a mach, agus a' toirt na h-uile oidhirp air aon no dhà d, theachdairean á Albainn fhaotainn chum an cur a mache ach cha do shoirbhich leo fhathast. Tha Amsterdam fhathast gun teachdaire, agus tha feum air aon eile ann an Constantinople. Tha iad a' toirt na cùise asùr fa chomhair fhòghlumaichean agus shearmonaichean na h-eaglais, le sùil ri gu-n dean an Tighearna cridhcachan cuid a ghluasad gu iad féin a choisrigeadh air son na h-earainn so de'n obair.

### Breslau.

Is e Mr. Edward, an teachdair a th' anns a' bhaile so, teachdair a's sine a tha a' saoithreachadh 's an t-seirbhis. Tha e air bhi còrr 'us dà fhichead bliadhna "air a chur air leth air son soisgeil Dé" as leth Israeil; agus le laimh mhaith a Dhé air, tha e a' buanachadh 's an obair le cud agus dòchas gun lasachadh. Tha coimhthionail Gearmailteach aige, a thionail e féin, agus aig am bheil an aon spéis do Israel a tha aige féin. Tha e a' toirt cunntais mu aon òganach a bha air a thoirt

gu Criosd, agus air a bhaisteadh air a' bhliadhna a dh'fhalbh.

### Pesth.

Is iad na teachdairean 's a' bhaile so Mr. Moody agus Mr. Koenig, a tha mar an ceudna 'n an aodhairean air a choimhthionail Ghearmailteach. Ach maille ri so, tha an obair anns an àite farsuinn agus ioma-ghnèitheach. Tha Mr. Moody ag amharc thairis air an sgoil anns am bheil ceudan de chloinn Iudhach a' faighinn foghluim sgriobturail, agus a tha air an teagasg le ceithir maighstirean agus dà bhanamhaighstir. Tha Mr. Koenig ag amharc thairis air obair nan ceithir-deug fir-reicidh leabhraichean (colporteurs). Tha an obair aca so a' leudachadh, agus tha i ro ghealltuinneach. Tha Dr. Lippner a' buanachadh 'n a shaothair mar léigh-theachdaire, agus anns an tigh-eiridinn tha, mar a's trice, Iudhaich a tha a' faighinn cùram air a ghabhail d'an anaman cho maith a's d' an cuirp. Tha mòran aire air a thoirt mar an ceudna do sgoilean Sàbaid, agus tha an obair so air meudachadh air a' bhliadhna a chaidh seachad.

Tha Mr. Moody ag innseadh mu dhithis Iudhach a ghabh ris an t-soisgeil, agus d' an do fhritheil e òrdugh a' bhaistidh. A bhàrr orra so tha e ag innseadh mu chùignear eile a tha ann an suidheachadh gealltuinneach.

### Constantinople.

Is e Mr. Tomory an teachdaire 's a' bhaile-mhòr so. Tha mòran feuma air a dheanamh 's an àite chudthromach so. Tha sgoil Fhraingis ann air son chaileagan, agus sgoil Ghearmailtich air son ghiullan agus chaileag. Tha seirbhis air a cumail gu riaghailteach 's an eaglais air an t-Sàbaid agus air Di-ciaduinn. Tha da Thigh chungaidhean-leighis ann a tha ro fheumail. Tha dachaidhean ann mar an ceudna air son iompachain agus air son chaileagan. A' bhàrr air so tha tathaich air a dheanamh air na h-Iudhaich aig an tighean féin; agus tha teagasg air a thoirt do luchd-iarraidh.

Bha cùignear air am baisteadh air a' bhliadhna so chaidh.

### Prague.

'S e Mr. Pirie an teachdaire 's a' bhaile so, agus tha Mr. Gottlieb 'n a fhear-cuideachaidh aige. Tha Mr. Pirie a' searmonachadh ann am Beurla agus anns a' chainnt Ghearmailtich, agus tha am fear-cuideachaidh a' dol am measg nan Iudhach 'n an tighean féin. Tha an raon so gu maith doirbh a thaobh cho coitchionn 's a tha ana-creidimh agus foirmealeachd mharbh am measg nan Iudhach; ach tha air uairean luchd-iarraidh na's gealltanaiche a' tighinn á àitean eile; agus tha mar an ceudna cothroman luachmhor air buaidh chum maith a chleachdadh air an Eaglais Ath-leasaichte 's an àite, agus aire nam ministearan òga a tharruing dh'ionnsuidh ar n-oibre.

### Strassburg.

'S e Dr. Fürst an teachdaire 's a' bhaile so, agus tha e air a chuideachadh le Mr. Fink mar shoisgeulaiche agus mar leabhar-reiceadair. Tha e a' searmonachadh 's a' Bheurla agus anns a' chainnt Ghearmailtich, agus tha sgoil Shàbaid a nis air a fosgladh a tha a' tairgseadh a bhi soirbheasach. Bha tuilleadh Iudhach a' tathaich air an teachdaire air a' bhliadhna mu dheireadh na air bliadhna air bith roimhe.

## CONTRIBUTIONS RECEIVED BY THE TREASURERS OF THE FREE CHURCH,

*From 10th April to 10th May 1882, and to 15th May for Sustentation Fund.*

### SUSTENTATION.

| | £ | s. | d. |
|---|---|---|---|
| Newton Stewart — | | | |
| Mr. Vernon ..... | £2 | 10 | 0 |
| Mr M'Millan.. .. | 3 | 0 | 0 |
| Mr. Cochrane...... | 0 | 0 | 0 |
| Mr Arthur ... | 2 | 0 | 0 |
| Trustees of late Mr. J. M'Connell ... | 10 | 0 | 0 |
| L. (Edinburgh) ..... | 10 | 0 | 0 |
| R. P. Wood, Esq..... | 20 | 0 | 0 |
| E. M. E..... ..... | 30 | 0 | 0 |
| W. Davidson, Esq .. | 25 | 0 | 0 |
| From a Sister, as a Memorial of a dear deceased Brother .. | 1 | 18 | 6 |
| Jas Stevenson, Esq | £250 | 0 | 0 |
| To Account of Residue of Estate of late Jas. Crawford, Jun., Esq., per H. Tod, Esq., W.S....... | 1000 | 0 | 0 |
| Share of Residue of late Mr. James Macfie, Rothesay | 41 | 3 | 4 |
| Legacy by Mrs. Croll, and interest.. .... | 95 | 3 | 3 |
| Legacy by Mrs David-son, Kilmallie | 100 | 0 | 0 |
| Legacy by Mrs Murray, Glasgow | 10 | 0 | 0 |
| Trustees of late James Ewing, Esq., half year's annuity, less tax ............... | £20 | 7 | 5 |

### AGED AND INFIRM MINISTERS.

| | £ | s. | d. |
|---|---|---|---|
| Legacy by Mrs David-son, Kilmallie .... | 100 | 0 | 0 |

### PRE-DISRUPTION MINISTERS.

| | £ | s. | d. |
|---|---|---|---|
| Douglas-Water ...... | 0 | 1 | 0 |
| Dundee— Chapelshade...... | 0 | 2 | 7 |
| Melness............... | £1 | 15 | 0 |
| Back.. ............... | 1 | 10 | 0 |
| E. M E.............. | 10 | 0 | 0 |

### EDUCATION.

| | £ | s. | d. |
|---|---|---|---|
| Edinburgh — Greyfriars' ........ | 1 | 4 | 4 |
| Hamilton— St. John's.......... | 0 | 0 | 6 |
| Glasgow— St. James'. ....... | 0 | 9 | 0 |
| Dunoon ............ .. | 0 | 5 | 0 |
| Denny. . .... . . | 0 | 2 | 0 |
| Dundee— Chalmers'.......... | 0 | 10 | 1 |
| Montrose— St. John's.......... | £0 | 5 | 0 |
| Cluny, Aberdeen .... | 0 | 1 | 3 |
| Turiff................. | 0 | 1 | 6 |
| Strathy............... | 1 | 10 | 0 |
| Halladale ........... | 0 | 10 | 0 |
| E. M. E., *for Disruption Teachers*...... | 5 | 0 | 0 |

### HOME MISSION.

| | £ | s. | d. |
|---|---|---|---|
| R. Macfie, Esq. of Airds ............. | 20 | 0 | 0 |
| Legacy by W. Fraser, Esq ................. | 100 | 0 | 0 |
| Legacy by Mrs. Croll, and interest....... | £47 | 11 | 11 |

### HOME EVANGELIZATION.

| | £ | s. | d. |
|---|---|---|---|
| Douglas Water...... | 0 | 1 | 0 |
| Dundee—Chalmers'.. | 0 | 8 | 4 |
| Melness.............. | 1 | 0 | 3 |
| Back................. | 1 | 0 | 0 |

### HIGHLANDS.

| | £ | s. | d. |
|---|---|---|---|
| Ardrossan .......... | 0 | 5 | 0 |
| Buchlyvie .......... | 1 | 0 | 0 |
| Dundee—Chalmers'.. | 0 | 8 | 2 |
| Banff ............... | 3 | 12 | 0 |

